

21 Dubhlachd 2021

A phàrant/neach-cùraim chòir

Tha Luchd-sgrùdadh Foghlam na Banrigh (HMI) a' tadhal air cuid de sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne thar Alba. Nuair a sgrìobh sinn thugaibh às dèidh sgrùdadh Àrd-sgoil agus Bun-Sgoil agus Sgoil Àraich Tiriodh¹, thuirt sinn gun iarraidh sinn air Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid comhairle a thoirt dhuinn air leasachaidhean leantaileach na sgoile. Ghabh sinn pàirt o chionn ghoirid ann an tadhal air loidhne còmhla ri luchd-obrach, pàrantan, clann agus an ùghdarras ionadail. Chuidich ar cosnachadh gus tuilleadh ionnsachadh air mar chaidh taic a thoirt do chlann agus òganaich agus an teaghlachan tron ghalar mòr-sgaoilte COVID-19. Chuala sinn cuideachd mu modhan-obrach a tha ag obair gu math gus taic a thoirt do shlàinte agus sunnd, ionnsachadh agus adhartas na cloinne agus nan òganaich. Beachdaich sinn air adhartas ann an toirt air adhart leasachaidhean bhon bhun-sgrùdadh againn còmhla ris an àrd-cheannard an gnìomh agus oifigear an ùghdarras ionadail.

Tha an litir seo a' mìneachadh prìomh phuingeann a' ghèarr-chunntais air an do bheachdaich sinn anns an tadhal air loidhne againn. Tha iad a' sealltainn gu bheil luchd-obrach aig Àrd-sgoil agus Bun-Sgoil agus Sgoil Àraich Tiriodh fhathast a' dèanamh adhartais neo-èisleanach ann an dèiligeadh le roinnean leasachaidh mar a chaidh aontachadh leotha le HMI.

Tro COVID-19, tha an àrd-cheannard an gnìomh a' leantainn air ann an stiùireadh làidir a shealltainn a thaobh leasachaidhean airson cloinne, òganaich agus teaghlachan. Ann an dèanamh seo, tha e a' stiùireadh le sealladh soilleir a bhrosnaicheas luchd-obrach air fad a bhith nan stiùirichean agus com-pàirtichean ann an atharrachadh. Còmhla ris an sgioba stiùiridh aige, tha an àrd-cheannard an gnìomh a' meudachadh dùilean dreuchd agus cunntalachd an luchd-obrach air fad anns na builean as fhèarr choileanadh airson cloinne agus òganaich.

Tha luchd-obrach fhathast a' cleachdadh teicneòlas gu ìre mhath gus dèanamh cinnteach gun ionnsaicheas clann agus òganaich nuair a nì iad seo aig an taigh. Tha seo nuair a tha clann ag ionnsachadh tro Ghàidhlig agus a' Bheurla ann an amannan dùbhlach. Gus misneachd an luchd-obrach a leasachadh nuair a chleachdas iad teicneòlas, tha iad a' co-roinneadh cleachdaidh agus a' cur taic ri cach a chèile. Tha luchd-ionnsachaidh soilleir air dè cho cudromach 's a tha e dhaibh-san nan eileanaich a bhith leasachadh sgilean ann an teicneòlas. A bharrachd air seo, mheudaich an àrd-cheannard an gnìomh intrigeach ro farsaingeachd ionnsachadh proifeasanta. Bu chòir modhan-obrach airson ionnsachadh proifeasanta fhathast a' gabhail a-steach Foghlam Meadhan Gàidhlig aig ìrean na bun-sgoil agus na sgoil-àraich.

Tha an àrd-cheannard an gnìomh fhathast a' prìomhachadh gu bheil eòlasan an luchd-ionnsachaidh gu cunbhalach aig ìre càileachd àrd. Bhruidhinn clann, òganaich agus pàrantan ris an do choinnich sinn air an tlachd a bharrachd a thathar a' faighinn bho ionnsachadh, an dà chuid san sgoil agus aig an taigh. Tha an luchd-obrach nas soilleire air mar a bhith

èifeachdail ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh. Tha iad dèonach ais-moladh a lorg, a cho-roinneadh agus a chur an gnìomh agus a bhith ag ionnsachadh còmhla.

Chleachd luchd-obrach modhan-obrach mac-meanmnach anns na dòighean anns an do chleachd iad teicneòlas gus taic a thoirt do bhogadh tron dùbhlán COVID-19. Nuair a bha clann san sgoil-àraich ag ionnsachadh aig an taigh, dh'fhòn luchd-obrach iad dà thuras san t-seachdain. Mheudaich clann am misneachd aca le bhith a' bruidhinn air am fòn gus na h-eòlasan aca ath-innse. Bha luchd-obrach fhathast a' cleachdadh beagan Gàidhlig air am fòn. Chleachd luchd-obrach teicneòlas cuideachd gus sgeulachdan a leughadh agus òrain a ghabhail còmhla ri buidhnean cloinne, na siblinnean agus na teaghlaidhean aca. Dh'fhàs clann eòlach air an seòmar-teagaisg P1 aca nuair a tha iad ag ullachadh airson gluasad bhon sgoil-àraich le bhith a' cleachdadh teicneòlas. Gu cliùiteach, lean a mhòr-chuid den chlann anns an sgoil-àraich orra le Foghlam Meadhan Gàidhlig ann am P1 an seisean seo. Tha luchd-obrach libhrigeadh bogadh slàn taobh a-staigh na sgoil-àraich a nis a' cleachdadh modhan-obrach mar seinn. Tha seo a' cuideachadh na cloinne gus a' chànan a chluinntinn, a chleachdadh agus a chur an gnìomh. Thionnsgaich luchd-obrach dòigh airson adhartas na cloinne ann an Gàidhlig a thuigsinn agus a bhruidhinn a dhearbhadh. Tha seo a' toirt fiosrachadh nas fheàrr dhaibh air am faod iad planadh airson cluich tro bhogadh.

Aig na h-ìrean àrd, tha stad sealach air tairgseadh ùr gus cuspairean sòisealta ionnsachadh tro meadhan na Gàidhlig. Thathar a' dèanamh an ionnsachaidh seo còmhla ri tidsearan agus òganaich aig Àrd-sgoil an Obain. Gu cudromach, tha e a' brosnachadh gach sgoil a bhith a' togail air taobhan ionadail. Airson òganaich ann an Tiriodh, tha seo a' dèanamh ceangail sàr-mhath ri na tha an cridhe agus sònraichte don eilean. Bheachdaich sinn còmhla ris an àrd-cheannard an gnìomh air dè cho cudromach 's a tha e a' cumail oirnn gus cothromas, ionnsachadh, measadh, teisteanasan agus duaisean anns a' Ghàidhlig a mheudachadh.

Chaidh molaidhean a thoirt do àrd-luchd-stiùireadh air modh-obrach nas ro-innleachdaile airson taic a thoirt do shunnd na cloinne agus nan òganaich air fad. Chuir iad an gnìomh pròiseasan gus tomhais a dhèanamh air dè cho soirbheachail 's a tha an ro-innleachd aca agus gus ath-cheumannan aithneachadh. Thathar ag aithris gu bheil dreuchdan agus dleastanasan nas soilleire aig luchd-obrach. Tha dàimhean nas fhèarr aca còmhla ris na sgoilearan aca. Dh'aithris luchd-obrach gu bheil sunnd air an deagh phlanadh tro ionnsachadh air fad. Thug iad comhairle air modhan-obrach airson slàinte agus sunnd agus ionnsachadh. Fhuair clann agus òganaich sochairean bho dùbhlán agus goireasan gach seachdain gus taic a thoirt don shunnd aca. Gu cliùiteach chaidh bhideothan a chleachdadh nas trice gus fiosrachadh a cho-roinneadh agus cosnachadh a meudachadh leis a' choimhearsnachd.

Thug an àrd-cheannard an gnìomh seachad stiùireadh soilleir airson leasachadh na sgoile. Bha na pàrantan ris an do bhruidhinn sinn toilichte gu bheil an atharrachadh a' dèanamh diofar math airson na cloinne aca. Mheudaich gu sònraichte cleachdadh ùr-ghnàthach an teicneòlais na roghainnean a dh'fhaodadh òganaich a leantainn gus am faighinn deiseil airson ionnsachadh fad beatha, beatha agus obair. Leasaich àrd-stiùirichean tuigse an luchd-obrach air feum airson tomhais a dhèanamh air soirbheachas na cleachdaidh aca, agus aig an aon àm a' coimhead thar na sgoile ris na slatan-tomhais nàiseanta. Tha an àrd-

cheannard an gnìomh a' stiùireadh obair leas-cheannard agus dithis prìomh thidsear a tha stèidhichte ann an Tìriodh. Rinn e ceangal eadar stiùireadh cuspairean àrd-sgoil aig Àrd-Sgoil Thìriodh agus prìomh thidsearan aig Àrd-sgoil an Obain. Tha seo a' gabhail a-steach prògram cosnaidhean air loidhne agus aghaidh ri aghaidh, a leanas gu sochairean aig sgoiltean Tìriodh. Feumaidh an t-ùghdarras ionadail sùil a chumail air dè cho èifeachdail 's a tha an ullachadh seo.

Dè thachras a-nis?

Mar a thuigear, bha an sgoil a' freagairt ris na dùbhlain a thàinig bhon ghalar mhòr-sgaoilte COVID-19. Bha buaidh sònraichte aig seo air obair na sgoile. Tha luchd-obrach a' cur planaichean an gnìomh gus taic a thoirt do ath-bhuannachd. Tha iad a' coinneachadh gu soirbheachail ris na molaidhean bhon bhun-sgrùdadh. Mar sin, cha dèan sinn tadhalan a bharrachd air an sgoil ann an ceangal leis a' bhun-sgrùdadh. Cumaidh Comhairle Earra-Ghàidheil agus Bhòid oirre fios a thoirt do phàrantan mu adhartas na sgoile mar pàirt na ullachaidhean àbhaisteach aice airson aithisg a dhèanamh air càileachd seirbhis an fhoghlaim aice.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh na Banrigh

ⁱ 'S e Sgoil Àraich am facal Gàidhlig a thathar a' cleachdadh airson ionnsachadh 3-5. Cleachdaidh luchd-obrach am facal seo airson an solarachadh aca tron Ghàidhlig agus Bheurla.